



Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

CHA NI FAOIN IDIR AM PEACADH.

CIA co iongantach an saoghal so anns am bheil sinn a chòmhnuidh! Tha Prionnsa 'n t-Soluis agus Prionnsa 'n Dorchadais—daoine maith agus droch dhaoine—naomhachd agus peacadh—air an deanamh nìle na'n cuspairean fearas-chuideachd agus na'n aobhar ghàire. Gidheadh 'is amaideachd chunnartach fanaid a dheanamh air nithibh naomha; agus tha Solamh a teagasg, gur “amadain” iadsan “a ni magadh do'n pheacadh:” Guath. xiv. 9. *An so* chi sinn clann ri droch bheairt, agus an sin ri gàire uime; anns an bheil iad mo thruaighe! tuilleadh is tric a' faotainn misneach o pharantaibh ain-diadhaidh: *An sin* tha'm misgear ag deanamh uail a neo-inheasarachd, fear na neoghloine a aireamh na thuit leis agus na rinn e thruaillleadh, agus am fear-cluiche a toradh a sheòltadh agus a cheilge, Mar so tha iomadh aig na h-uile aois, ri uail nan nàire!

Ni daoine aingidh buaidh-chainthreim 'nuair a chi iad nithe sgainnileach ann an gluasad an fhìreìn. Ciod a ghne dhaoine uime sin bu choir do Chrìosduidhean a bhi ann an caitheadh-beatha naomha agus diadhachd, chum's gun gearradh iad air falbh argumaidean eascàirde agus gu'n cuireadh iad tosd air aineolas dhaoine amaideach!

A Leughadair Chàirdeil am bheil thusa air do bhuaireadh gu misneach a thoit le gàire, no air doigh sam bith eile do'n ni sin nach urrainn do chuguis a mholadh? Tha sinn a guidhe ort gu'n d'thugadh tu fainear gu maith na nithe a leanas:—

I. *Esan a tha ri gàire ris a pheacadh, tha e gàire 'nuair tha gruim air Dia,* “Tha Dia am feirg ris a chiontach gach latha:” Salm vii. 11.

Ciod e'n ni sin a tha brosnuchadh a chorruich? Ciod e'n ni sin leis am bheil campar agus doilghios air an cuir air a Spiorad? Ciod e'n ni sin a tha toirt aobhar do chlaidheamh an dioghaltais a bhi'n crochadh thar ceann pheacach? “Tha fearg Dhe air a foillseachadh o neamh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhachd, agus eucoir dhaoine:” Rom. i. 18. Agus ma tha fearg rìgh mar bhéucaich leomhain, cia uamhasach is eigin do fheirg an De Uile chumhachdaich a bhi.

2. *Esan a tha cuir an suarachas a pheacaidh, tha e cuir an suarachas truaighean a chinne daoine uile.* Tha sinne a chòmhnuidh ann an gleann nan deòir, anns am bheil prìosain agus tighean-eiridinn, agus cùiltean truaighe eile do-aireamh, a daingneachadh na firinn chudthromach sin gu bheil “ truaighe an duine trom :” Eccles. viii. 6.

Ah ! 's beag umhail th'aig luchd-neo-ghloin, riombach, uaibreach
Le toilinntinn, cumbachd, is saibhreas ga'n cuartach,—
Iadsan a ta struidheadh an ùin gun smuaircan,
A'm baoth shugradh, 's gu tric a'm macnus truailidh ;—
Ah ! 's beag tha iad'so a smuainteach,
'Nuair tha iad a' dannsadh fad an cuairte ;
A liuthad creutair 'sa cheart uair so,
A tha fulang bais is craidh gun fhuarach' ;

3. *Is ionan fearas-chuideachd a dheanamh do'n pheacadh, is fearas-chuideachd a dheanamh do'n bhas :* Oir thainig am peacadh do'n t-saoghal, agus lean am bàs e ; Rom. v. 12. Agus riun am bas an saoghal so cosmhuil ri Golgota, na àite chlaigeann—nì'm bheil uime sin na aite freagarach airson sugradh mi-naoinha. Nam biodh cnàmhan an iomlain de na mairbh air an cruinneachadh nan aon dùn mòr, agus gum feòraicheadh Iehu, “ Co mharbh iad so uile :” (2 Rìgh. x. 9.) b'eigin gu'm be'm freagradh ‘ Mharbh am peacadh iad uile.’

4. *An neach a tha ri gàire ris a pheacadh, tha e gàire'nuair bu chòir dha bhi deanamh bròin.* An dean neach air bith fearas-chuideachd de euslainté féin ? Is éuslaint am peacadh. Tha e puinseanta, tha e bàsmhòr mar an ceudna, n'is lugha 'na bhios Ioc-shlainte Ghileaid (fuih Chrìosd) air a cuir gu feum na trà. Tha'm peacadh a giutinn cionta agus nàire : Nuair a tha duine ri gàire r'a pheacadh. Tha e gàire ris a cheilg leis an d'thug e'n car as fein : Cha'n'eil a ghluasad n'is lugha baoghalta na tha e aingidh. Is e amaideachd an amadain, a bhi ri gàire r'a amaideachd fein.

5. *Is ionan am peacadh a chuir an suarachas, is piantaibh ifrinn a chuir an suarachas.* Oir dh'fhosgail am peacadh slochd an dubh-aigein. Is e'm peacadh parant na cnuimh nach bàsaich. Las am peacadh na lasraichean nach mùchair a chaidh. Tha'm peacadh a treòrachadh gu ionad guil, agus giosgan fhiacal.

O pheacàich guu umhail, gun smaointeachadh ! An nì suarach taiteam ann an laimh an De bheò—cudthrom !



mhallachd fhaireachdainn—comhnuidh a ghabhail maille ri lasraichibh sìorruidh? An urrainn thu sùil a bhi agad ri sìogradh peacach a mhealtuinn maille ri companaich chridheil ann an ifrinn, as an eirich suas deatach am peinesan fao saoghal nan saoghal? “Smuainichibh a nis air so, sibhse nach cuimhnuich Dia, air eagal gu’n rèub e as a cheile, gun neach ann a theasairgeas: Smuainichibh air so mu’n d’-thig latha mor fheirge. Cnuasaichibh bhur slighean, agus pillibh bhur casàn r’a theisteachaibh. Anns na teisteachaibh sin gheibh sibh Fearsaoraidh air fhoillseachadh. Is e ainm Iosa. Feuch, a nis an t-am taitneach; feuch, a nis la na slainte. Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd, agus saorar thu.

6. *Is ionan fearas-chuideachd a dheanamh do’n pheacadh, is fearas-chuideachd a dheanamh do dhoilghiosaibh Iosa.* Agus se’n ni so, do thaobh mòrachd pearsa Chrìosd, an smuain is cudthromaiche agus is uamhasaiche is urrainn a bhi air a tòirt fainéar. Bhiodh e mòran ni bu lugha cionta fearas-chuideachd a dheanamh de chomh-chreutairibh, na de Mhac Dhe. Cha d’fhuiling neach air bith riamh uiread do dhimeas, is a dh’fhuiling Iosa. Chomhdaicheadh a shùilean, agus bha e air a bhualadh le dòrnaibh, agus bha e air a mhaslachadh anns an doigh bu bhrùideala, leis a chuid bu tàireile de’n t-sluagh ann an talla an ard-shagairt. “An sin thilg iad smugaid’na aodun:” Màta xxvi. 67. Chuir Herod agus a luchd-cogaidh *Iosa* ann an suarachas. Le fanaid bha e air a sgeudachadh le falluing phurpur. Bha slat-chuile air a cuir na laimh airson slat-rioghail, a dheanamh magaidh air a chòir, a leig e ris, a bh’aige air rioghachd. Agus ’nuair a bha e air a thogail suas air a chrann-chéusaidh, (O uamhasach r’a chuir an ceill) riun iad fanaid air na piantaibh anns an do bhàsaich e. Chrath na coigrieach a bha dol seachad an ciunn, agus thuirt iad, “Ma’s tu Mac Dhe, thig anuas o’n chrann-chéusaidh.” Thuirt na h-ard shagairtean, na scriobhaichean, agus na seanairean, le béum searbh, “Shaor e daoine eile—cha’n’eil e comasach air e fein a shaoradh.” Agus thug eadhon na ’gaduichean bha air an céusadh maille ris am béum céudna dha.

Agus an arrainn duitse, O! pheacaich gun chiall, do ghuth a thogail maille rìusan, g’a mhaslachadh? an urrainn thu eluiche ri Iosa, agus an urrainn duit ùinùighean, a dheòir, osnaidhean agus fhallus fala ann an gàradh a chruaidh-chais, géur-chradh an sgiùrsaidh, agus bioradh a chruin dhròighinn

a chuir an suarachas? O biodh impidh air a cuir ort g cheumanna a lorgachadh gu Calbhari. An sin seas agus teachdaich, bi tosdach, agus cnusaich. Ma's urrainn thu aig a leithid do'aite, le leithid do shealladh, faoineachd a thaisbeanadh, ciod a bharail a bhiodh aig ainglibh ort? 'Buailte n'is mo le bròn na ioghnadh, co is urrainn innseadh?'

An crann fuilteach chuairtich iad le dedin is 'éud,
'S le ioghnadh, dh'fhaicinn Triath na beatha dol éug;
Is riamh o'n sùilibh gian nan sruthadh deoir,
An sin gu frasach shileadh iad gu léoir.

"Agus anis, na bithibh ri fanaid; air eagal gu n deanar bhur cuibhrichean laidir:" Esa. xxviii. 22. Ma bheir Dis dhuibh aithreachas chum na beatha, nì sibh caoidh airson Chrìosd, mar a chaoidheas duine airson aon duine cloinne, agus bidh bhur doilghios air a shon mar dhoilghios neach airson call a chend-ghin: Zech. xii. 10.

Biodh impidh air a cuir air ar lénghadairibh, gu h-àraid orrasan a ta òg, na rainn a leanas fhaotainn air am meodhair, o' na tha iad a' cuir an ceill brìgh na chaidh ràdh; agus le beannachadh Dhe nì iad suas arson an dragha a chostas e dhioblh.

An dream ta gàire ri peacadh, ta e gàire ri diom,
'S ri claidheamh diolaidh a Cruthadair, sinnt' os-a-chionn;
'S ri doilghiosaibh cràiteach Fearsaoraidh nam buadh,
Thug toilltinneas peacaidh, gu bàs agus uaigh.

An dream ta gàire ri peacadh, ta a gàir' ris gach plàigh,
A thachair do'n t-saoghal o thuit an céud Adh'mh;
Ta e gaire ri osnaich a Chruthachaidh mhòir;
Ri creachadh a Bhàis, 's ri Ifrinn nan deòir.

An dream ta gaire ri peacadh, le geire 's le aoidh,
Tha e fàilteach' an dòruinn tha teannadh ga chlaoidh,
Ta e maslachadh Dhia, le bhi gaire 's ris an nì
Rinn anam a mhealladh, 's 'nì chumail o shith.

An dream ta gaire ri peacadh, r'a chiont, 's ri' naire,
S ri' plaighibh a chridhe, tha esan a' gaire:
Air cuthach co anbar, air gòraich co truagh,
Cha 'neil cainnt amasg dhaoine', gu ceart, a nì luaidh.

GLASGOW:

Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,
For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their
Depositories, 158, Trongate, and 99, Buchanan Street.
And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depository,
6, East Register Street.

